


# SEIRBHEIS CUNGAIDHEAN: CÙRAM AGUS ATH-SGRÙDADH AN NHS SA BHÙTH-CHUNGAIDHEAN IONADAIL AGAD



TAIC BHON  
BHÙTH-CHUNGAIDHEAN  
IONADAIL AGAD



CUNGAIDHEARAN AGUS  
DOTAIREAN  
TEAGHLAICH  
A' CO-OBACHADH



DÈAN AM FEUM AS  
FHÈARR  
DE NA CUNGAIDHEAN  
AGAD

Fiosrachadh do dh'euslaintich



Healthier  
Scotland  
Scottish  
Government

# Seirbheis Cungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh an NHS

Ann an Alba, tha seirbheisean ann am bùithtean-chungaidhean coimhearsnachd (bùithtean-chungaidhean aig a bheil cùmhnant gus seirbheisean is òrdughan-cungaidh an NHS a thoirt seachad) ag atharrachadh gus taic nas fheàrr a thoirt do dhaoine a bhios a' gabhail chungaidhean-leigheis airson suidheachaidhean slàinte fad-ùine. Tha seirbheis Cungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh an NHS ri fhaighinn do dhuine sam bith a tha clàraichte le dotair teaghlaich ann an Alba agus nach eil a' fuireach ann an dachaigh cùraim.

Tha cungaidhearan nan eòlaichean air cungaidhean agus bruidhnidh iad riut mu na dòighean gus na cungaidhean-leigheis agad a chleachdadh san dòigh as èifeachdaiche. Is urrainn dhut innse dhaibh mu dhragh no ceist sam bith a th' agad mu na cungaidhean-leigheis a tha thu a' gabhail.

## Dè th' anns an t-Seirbheis Chungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh?

Tha trì eileamaidean anns an t-seirbheis seo:

- **Ag ath-sgrùdadh nan cungaidhean agad**  
Bheir an cungaidhear sùil air mar a bhios tu a' gabhail nan cungaidhean agad. Bruidhnidh iad riut mu dhuilgheadas sam bith a th' agad leis na cungaidhean agad agus nì iad co-dhùnadh, còmhla riut, nam biodh tu a' faighinn barrachd buannachd às na cungaidhean agad nan robh plana cùraim agad. Nì an cungaidhear ath-sgrùdadh air na cungaidhean agad co-dhiù aon turas sa bhliadhna.
- **Planadh Cùraim**  
Aontaichidh an cungaidhear plana cùraim còmhla riut. Cuidichidh am plana an cungaidhear le bhith a' clàradh agus a' planadh a h-uile rud a dh'fheumas tachairt gus an dèan thu am feum as fheàrr de na cungaidhean agad, gu sònraichte ma tha duilgheadas sam bith air a bhith agad. Is urrainn dhaibh lethbhreac den phlana cùraim agad a thoirt dhut agus, le do chead, dh'fhaodte gun cuir iad fios chun an dotair agad mu dheidhinn ma dh'fheumas iad.

- **Òrdughan-cungaidh leantainneach**

Dh'fhaodte gum bidh e comasach dhut òrdughan-cungaidh leantainneach fhaighinn bhon dotair agad gus am faigh thu na cungaidhean agad air òrdugh-cungaidh leantainneach fada gun a bhith agad ri òrdughan a chur a-steach gach mìos (no gach dà mhìos) mar a bhios a' tachairt an-dràsta.

Bidh agad ri clàradh ann am bùth-chungaidhean gus pàirt sam bith de sheirbheis Chungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh a chleachdadh.

Ma chlàraicheas tu, gheibh thu còmhairle agus taic shònraichte dhut fhèin. Chan fhaic cungaidhear sa choimhearsnachd clàran an Dotair Teaghlaich agad, mar sin, ma chlàraicheas tu airson na seirbheis, is urrainn dhaibh dealbh a thogail de na feumalachadan agad fhèin agus na tha cudromach dhut a thaobh do shlàinte.

## **Ciamar a chlàraicheas mi airson na seirbheis?**

Feumaidh tu bùth-chungaidhean a thaghadh far a bheil thu airson seirbheis Chungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh a chleachdadh. Bhiodh e glic clàradh leis a' bhùth-chungaidhean far am bi thu a' dol mar as àbhaist oir bidh an cungaidhear an sin eòlach ort agus bidh fios aca dè na cungaidhean a bhios tu a' gabhail.

Faodaidh tu clàradh uair sam bith – chan fheum thu agallamh a chur air dòigh. Nuair a chlàraicheas tu, dh'fhaodte gun iarr an cungaidhear beagan fiosrachaidh bhuat, a' gabhail a-steach d' ainm, do sheòladh agus do latha-breith. Bidh agad ri foirm clàraidh a lìonadh. Bidh am foirm clàraidh a' daingneachadh:

- gu bheil thu airson clàradh airson na seirbheis
- gu bheil thu clàraichte le dotair teaghlaich ann an Alba agus gu bheil suidheachadh slàinte fad-ùineach ort;
- gu bheil thu ag aontachadh gun co-roinn an dotair agus an cungaidhear agad fiosrachadh mu na cungaidhean agad; agus
- gu bheil am fiosrachadh a chuir thu air an fhoirm ceart.

Bidh agad fhèin agus aig a' chungaidhear ris an fhoirm a shoidhneadh. Tha am foirm a' dearbhadh gu bheil thu air clàradh airson na seirbheis.

## Ag ath-sgrùdadh nan cungaidhean agad

Nuair a chlàraicheas tu airson na seirbheis an toiseach, agus co-dhiù turas sa bhliadhna às dèidh seo, nì an cungaidhear ath-sgrùdadh air na cungaidhean agad còmhla riut. Nuair a chlàraicheas tu an toiseach, bidh ceistean san ath-sgrùdadh mu mar a bhios tu a' gabhail do chuid chungaidhean agus mu dhuilgheadas sam bith a th' agad. Gach bliadhna às dèidh sinn, nì an t-ath-sgrùdadh cinnteach gu bheil na cungaidhean fhathast ag obair dhut.

## A' planadh cùram

Ma tha an cungaidhear a' smaoinichadh gum biodh plana cùraim freagarrach dhut, faighnichidh iad dhiot mu dhuilgheadas sam bith a th' agad leis na cungaidhean agad. Bruidhinidh iad riut mu na bu toil leat dèanamh mu na duilgheadasan agad. An uair sin, cuiridh iad plana cùraim air dòigh còmhla riut. Bidh e a' cur an cèill rud sam bith a dh'fheumas tu fhèin agus an cungaidhear a dhèanamh gus do chuideachadh le do chungaidhean. Bidh an cungaidhear an uair sin ag ath-sgrùdadh agus ag ùrachadh a' phlana cùraim còmhla riut.

Bidh fiosrachadh anns a' phlana cùraim agad mu na rudan a leanas.

- Duileaghadas sam bith a th' agad leis na cungaidhean agad (mar eisimpleir, frith-bhuaidhean mì-chàilear, duilgheadas slugaidh le tablaidean no a bhith a' cuimhneachadh cuine a bu chòir dhut an gabhail).
- Na bu toil leis a' chungaidhear dèanamh gus cuideachadh leis na duilgheadasan (mar eisimpleir, a bhith ga dhèanamh nas fhasa na cungaidhean agad a ghabhail)
- Na tha an cungaidhear agus thu fhèin den bheachd gum bu chòir an dithis agaibh dèanamh gus na duilgheadasan fhuasgladh (mar eisimpleir, bruidhinn ris an dotair mu bhith a' toirt dhut capsalan no ioc-shlàint a tha furasta gabhail seach tablaidean)
- Nuair a tha an duilgheadas air fhuasgladh, no ma dh'fheumas rudeigin eile tachairt.

Obraichidh an cungaidhear còmhla riut gus am plana agad ullachadh agus ath-sgrùdadh. Dh'fhaodte gun sgaoil iad cuid den fhiosrachadh bhon phlana cùraim agad dhan dotair ach cha dèan iad seo ach le do chead. Bidh thu fhèin agus an dotair agad a' co-dhùnadh de na h-atharraichean a tha a dhìth, ma tha atharrachadh sam bith a dhìth, a' gabhail a-steach atharrachaidhean air na cungaidhean agad.

Tha dleastanas laghail aig an luchd-obrach uile aig an NHS, no a tha ag obair às leth an NHS, a bhith a' cumail fiosrachadh mu do dhèidhinn fo rùn. Bidh am plana cùraim agad air a chumail gu sàbhailte tèarainte leis a' bhùth-chungaidhean agus chan fhaod ach cungaidhear coimhead air a' phlana cùraim agad. Faodaidh tu lethbreac cruaidh den phlana cùraim agad iarraidh.

## **Dè thachras nuair a tha plana cùraim agam?**

Nì an cungaidhear ath-sgrùdadh air a' phlana cùraim agad gu cunbhalach. Mar as trice, tachraidh seo nuair a thogas tu òrdugh-cungaidh leantainneach. Dh'fhaodte gun iarr an cungaidhear facal ort mun phlana cùraim agad uaireannan. Bidh iad daonnan a' bruidhinn riut ann am prìobhaideachd.

Nì an cungaidhear ath-sgrùdadh cunbhalach air a' phlana cùraim agad gus dèanamh cinnteach gu bheil e gad chuideachadh gus am feum as fheàrr a dhèanamh às na cungaidhean-leigheis agad, agus ùraichidh iad am plana cùraim agad ma tha atharrachadh a dhìth air a' chùram-slàinte agad.

Faodaidh plana cùraim a bhith aig a h-uile duine a chlàraicheas airson seirbheis Cungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh an NHS. Ma bhios tu a' stiùireadh nan cungaidhean agus an t-suideachaidh slàinte agad gu math, dh'fhaodte nach bi plana mionaideach a dhìth ort.

## **Òrdughan-cungaidh leantainneach**

Tha bùithtean-cungaidh ag obair le ionadan slàinte nan dotairean teaghlach gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine na cungaidhean aca aig an àm às fheàrr dhaibh. Ma bhios tu a' faighinn nan aon chungaidhean gu cunbhalach, dh'fhaodte gum b' urrainn dhut 'òrdughan-cungaidh leantainneach' fhaighinn ma tha an dotair a' smaoinichadh gu bheil sin freagarrach dhut.

Tha òrdughan-cungaidh leantainneach a' ciallachadh gum faigh thu na cungaidhean leantainneach bhon bhùth-chungaidhean gu dìreach gun fheum a bhith agad air òrdughan-cungaidh fhaighinn bhon dotair ro làimh.

## **Dè tha seo a' ciallachadh dhomhsa?**

Dh'fhaodte gun can an dotair no cungaidhear agad gum biodh 'òrdughan-cungaidh leantainneach' freagarrach dhut. Dh'fhaodte gun tòir an dotair òrdugh-cungaidh leantainneach dhut a mhaireas 6 gu 12 mìosan. Tha seo a' ciallachadh nach bi agad ris na cungaidhean agad òrdachadh bho ionad slàinte an dotair teaghlach fad an ama sin. An àite seo, bidh an cungaidhear coimhearsnachd a' cumail an òrduigh-chungaidh agus bheir iad dhut do chuid chungaidhean, mar as trice gach mìos no gach dàrna mìos, a rèir toil do dhotair.

Dh'fhaodte gun co-dhùin an dotair nach bu chòir na cungaidhean uile a thoirt seachad tro òrdughan-cungaidh leantainneach. Anns an t-suideachadh sin, bidh agad ris na nithean sin òrdachadh bho ionad slàinte an dotair teaghlaich agad nuair a tha feum agad orra.

## **Dè thachras ma dh'atharraicheas na cungaidhean agam?**

Innsidh an dotair agad dhan bhùth-chungaidhean agad gu bheil na cungaidhean agad air atharrachadh. Bruidhnidh an cungaidhear riut gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn nan eadar-dhealachaidhean agus na dh'fheumas tu dèanamh.

## **Dè bu chòir dhomh dèanamh ma thèid òrdugh-chungaidh a thoirt dhomh airson cungaidhean a bharrachd?**

Ma chaidh òrdugh-chungaidh a thoirt dhut airson chungaidhean a bharrachd (mar eisimpleir, ma tha tha an dòs agad air atharrachadh, no ma tha thu air a bhith san ospadal), innis dhan chungaidhear coimhearsnachd agad agus:

- thoir dhaibh liosta de na cungaidhean a th' agad an-dràsta;
- innis dhaibh cia mheud a bhios tu a' gabhal gach latha; agus
- innis dhaibh cia mheud de gach cungaidh a th' agad aig an taigh.

Tha e cudromach cuideachd a bhith cinnteach gu bheil fios aig an dotair teaghlaich agad mu atharrachadh sam bith a rinneadh air na cungaidhean agad ma tha thu air a bhith san ospadal.

## **Dè thachras ma thèid mi air làithean saora agus nach bi gu leòr chungaidhean agam air a shon?**

Ma tha thu gu bhith a' dol air làithean saora, is urrainn dhut an ath òrdugh-cungaidh agad a thogail tràth, no barrachd fhaighinn na an àbhaist. Ma dh'fheumas tu sin a dhèanamh, bu chòir dhut innse dhan chungaidhear gus an urrainn dhaibh seo ullachadh. Chan fhaigh thu barrachd air solar trì mìosan aig an aon àm.

Gach turas a thogas tu na cungaidhean agad, innsidh an cungaidhear dhan dotair agad. Nì seo cinnteach gu bheil na clàraidhean uile ceart agus ùraichte. Ma chlàraicheas tu airson na seirbheis, tha thu a' toirt cead dhan chungaidhear am fiosrachadh seo a cho-roinn leis an dotair agad.

## **Dè thachras nuair a tha an t-òrdugh-cungaidh leantainneach agam gu bhith a' ruith a-mach?**

Iarraidh an cungaidhear ort d' ainm a chur ri cùl an fhoirm cùngaidh-leigheis leantainneach làithrich agad. Cuiridh iad fios an uair sin chun an dotair gus òrdugh-cungaidh leantainneach a chur air dòigh. Dh'fhaodte gum bi agad ri agallamh a chur air doigh leis an dotair agad airson ath-sgrùdadh slàinte mus aontaich iad an ath òrdugh-cungaidh leantainneach.

## **Am faod mi bùth-chungaidhean eile a chleachdadh?**

Ma tha òrdugh-cungaidh leantainneach agad, bidh agad ris na cungaidhean a thogail bhon bhùth-chungaidhean far a bheil thu clàraichte airson seirbheis Chungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh a chleachdadh. Ach faodaidh tu a dhol gu bùth-chungaidhean eile airson òrdughan-cungaidh eile, gus cùngaidhean a cheannach no gus comhairle fhaighinn.

## **Càite am faigh mi fiosrachadh a bharrachd?**

Ma tha ceist sam bith agad, cuir fios chun a' chungaidheir.

Tha a' bhileag seo mu sheirbheis Chungaidhean: Cùram is Ath-sgrùdadh ri fhaighinn air làrach-lìn NHS Inform: [www.nhsinform.scot](http://www.nhsinform.scot)

Ùraichte le taing stèidhichte air sgrìobhainn aig Seirbheisean Cungaidh NHS Shrath Foirthe.



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2020

**OGL**

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach far a bheil a chaochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' còir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig  
Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naomh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3EG

ISBN: 978-1-83960-442-3

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Giblean 2020.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS675374 (04/20)

**w w w . g o v . s c o t**